

An Comunn Gàidhealach

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

Sultain 2018 / September 2018

Cuairt-litir a' Chomuinn Ghàidhealaich | An Comunn Gàidhealach Newsletter

Teachdaireachd bhon Cheann-suidhe

Fadachd!

Cha b' iongnadh fadachd a bhith air iomadach neach airson fosgladh Mòd Nàiseanta Rìoghail 2018 ann an Dùn Omhain oir, mar a th' air tachairt airson 115 Mòd eadar 1882 agus an-diugh, rinn mòran spàирн a' deasachadh ma choinneamh. A' gabhair tlachd à naodh latha de chuirm aighearrach chultarach theagamh nach eil a' mhòr-shluagh mothachail gur e th' anns a' chuirm seo ach toradh mòran dichill!

Nuair a shoirbhicheas tagradh airson Mòd Nàiseanta a thoirt gu sgìre àraidh tha Comataidh Eagrachaidh Ionadail air a thaghadh aig coinneamh phoblach agus, mar fo-chomataidh den Chomunn Ghàidhealach, bidh iadsan agus àireamh mhòr eile ag obair gu dìcheallach agus gu saor-thoileach fad suas ri ceithir bliadhna a' cuideachadh oifigearan a' Chomuinn gus Mòd a thoirt gu buil. Eadar tional airgid agus gach deasachadh eile tha saothair agus dealas ga iarraidh orra, agus tha daoine air sin a libhrigeadh gu dileas fad bhliadhnaichean.

Dh'iarrainn taing dhùrrachdach a thoirt dhan na h-uile neach a tha a' cur taic saor-thoileach ri obair- leasachaiddh na Gàidhlig ann an dòigh sam bith, agus ged nach dèan taing am pàigheadh 's e flor chùis moite a th' ann a bhith a' faicinn uimhir a' strì gus an dìleab càinain is cultar a chur air adhart. 'S e pàirt chudromach eile de thoradh a' Mhòid an ìre gum bheil cleachdadha Gàidhlig ga bhrosnachadh feadh na coimhearsnachd tron bhliadhna is daoine de gach aois ag ionnsachadh fhaclan ma choinneamh fharpaisean. Agus 's neònach mura bheil mìltean cuideachd an sàs fad na bliadhna eadar a bhith a' gabhair pàirt agus a' cumail taic ris na còisirean a tha cho tarraigeach ann am farpaisean mòra a' Mhòid Nàiseanta. Nuair a thèid a' bhuaidh sin a mheasadh thar lìon-bheart de Mhòdan Ionadail, tuigear an ìre gum bheil an obair seo a' cur ri amasan Phlana Nàiseanta Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba. Fad bhliadhnaichean a-nise cuideachd tha rannsachadh ne-eisimeil air a bhith a' dearbhadh buannachd eaonamach de chòrr air £2.5 millean dha sgìre aoigheachd a' Mhòid Nàiseanta gach bliadhna!

Mar a thuirt mi, tha iomadh adhbhar failte a chur air Mòd Nàiseanta 2018 an Dùn Omhain agus tha mi'n dòchas gun còrd e ribh uile ge b'e ciamar neo càite bhios sibh nar pàirt dheth! Bidh sinn uile a' cuimhneachadh agus ag ionndrainn ar caraid Iain MacLeod nach maireann, agus a' togail air gach gnìomh luachmhor a rinn e dhan Ghàidhlig!

Ailean Caimbeul

Ceann-suidhe a' Chomuinn Ghàidhealaich

A Message from the President

Impatience!

It is not surprising that many people are waiting impatiently for the opening of the 2018 Royal National Mod in Dunoon given, as has been the case with 115 Mods which have taken place since 1882 until now, the huge effort committed by so many people in preparing for it. As they enjoy the lively nine-day cultural festival members of the public may not fully appreciate the enormous work which was required to achieve such an event!

Following any successful bid to host a National Mod in a particular area, a Local Organising Committee is elected at a public meeting and, as a sub-committee of An Comunn Gàidhealach, they and a substantial number of other people will work diligently and voluntarily for up to four years to help An Comunn's officers deliver a successful Mod. Commitment and hard work is required of everyone, whether raising funds or while being involved in other preparatory tasks, and people have delivered this faithfully for many years.

I wish to most sincerely thank all those who voluntarily support the development of Gaelic in any way, and although thanks will not perhaps sufficiently reward them it is a matter of considerable pride to see so many striving to promote their linguistic and cultural heritage. Another important benefit delivered by the Mod is the extent to which Gaelic usage is encouraged across communities throughout the year as people of all ages learn their scripts and songs and prepare for competitions. There are also probably thousands more who are involved as participants or supporters of the Gaelic choirs which are so popular in the major National mod competitions. When this impact is assessed across the network of Provincial Mods one can appreciate the extent to which this activity contributes to the aspirations of the Scottish Government's National Plan for Gaelic. Over and above all this, independent evaluation has, for many years now, reported an economic benefit in excess of £2.5 million for the National Mod host community each year!

As I said, there are many reasons to welcome the 2018 Royal National Mod to Dunoon and I very much hope you all enjoy it immensely, wherever or however you are able to be a part of it! We will all be remembering and missing our friend the late John MacLeod, and we will build on his important achievements for Gaelic.

Allan Campbell

President, An Comunn Gàidhealach

Fosgladh Oifigeil a' Mhòid

Tha e doirbh a chreidsinn nach eil ach 2 sheachdain ri dhol gu
Fosgladh Oifigeil Mòd Nàiseanta Rìoghail 2018

Tha oidhche air leth gu bhith romhainn le ceòl bho na còmhlaín-ciùil SIAN agus Beinn Lee agus Còisir Ghàidhlig Tairbeart Loch Fìn

Tha an tachartas seo an-asgaidh ach feumaidh sibh dèanaibh
cinnteach gu bheil tiocaid agaibh.

Tha tiocaidean ri' m faotainn air an làrach-lìn againn a-nis

Official Mod Opening Ceremony

It's hard to believe that there is only 2 weeks to go until this year's Mòd Official Opening Ceremony takes place in Dunoon

Those in attendance will be in for a great night with music from the hugely talented bands SIAN and Beinn Lee and Tarbert Loch Fyne Gaelic Choir

This event is free to attend but make sure that you have a ticket!

Tickets are available now from our website
<http://enter.ancomunn.co.uk/tickets>





Prògram Mòd 2018

Bidh Prògram a' Mhòid ri fhaighinn a dh' aithghearr. Cumaibh sùil air an làrach-lìn agus na meadhanan sòisealta againn airson tuilleadh fiosrachadh.

Tha Dreach prògram airson farpaisean Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo ri fhaighinn air an làrach-lìn againn.

Cuimhnichibh gur e dreach a th' ann agus dh' fhaodadh gun tèid atharrachaidhean a dhèanamh air fhathast.

Dreach Prògram Mòd 2018

Mod 2018 Programme

We hope to have the programme available soon. Please keep an eye on our website and social media for updates on this.

A draft programme for this year's Royal National Mod competitions is available online.

Please note that this timetable is issued for guidance only. Timings and venues may change as arrangements are finalised.

Mòd 2018 Draft Programme



Mòdan ri Teachd

Future Royal National Mod Dates



Dùn Omhainn – 12-20 Dàmhair 2018

Glaschu – 11-19 Dàmhair 2019

Inbhir Nis - 9-17 Dàmhair 2020

Peart - 8 -16 Dàmhair 2021

Pàislig - 14-22 Dàmhair 2022

Cumaibh sùil air làrach-lìn a' Chomuinn agus na meadhanan sòisealta againn!

Keep an eye on our website and social media pages for regular updates!

www.ancomunn.co.uk



Ionad Fiosrachaidh Mòd 2018

Bidh Ionad Fiosrachaidh a' Mhòid ann an Talla na Banrighinn agus bidh e fosgailte Disathairne 13mh Dàmhair agus eadar Diluain 15mh agus Dihaoine 19mh Dàmhair.

Mòd Information Desk

The Mod Information Desk will be situated in The Queen's Hall and will be open Saturday 13th October and between Monday 15th and Friday 19th October.

Measadh Gàidhlig

Gheibhear cothrom measadh Gàidhlig a dhèanamh seachdain a' Mhòid fhèin ann an Talla na Banrighinn, Diciadain 17mh agus Diardaoin 18mh Dàmhair.

Gus àite a ghlèidheadh feumar fios a chur gu:
seonag@ancomunn.co.uk no air a' fòn: 01463 709 705, ro làimhe.

Gheibhear cothrom measadh a chur air dòigh seachain a' Mhòid fhèin le tadhail air Ionad Fiosrachaidh a' Mhòid.

Gaelic Testing

Anyone wishing to take a Gaelic test can do so during Mod week in The Queen's Hall on Wednesday 17th and Thursday 18th October.

In order to book an appointment for a test, you must contact An Comunn beforehand: seonag@ancomunn.co.uk or telephone: 01463 709 705. You can arrange an appointment during Mod week by visiting the Mod Information Desk.

Bileagan Breithneachaidh

Gheibhear bileagan breithneachaidh airson gach farpais aig Ionad Fiosrachaidh a' Mhòid, Talla na Banrighinn air Disathairne 13mh Dàmhair agus eadar Diluain 15mh agus Dihaoine 19mh Dàmhair.

Bu chòir farpaisich feitheamh co dhiù dà uair a thìde às dèidh crìoch farpais mus tog iad bileagan breithneachaidh aig an deasc.

Adjudication Sheets

Adjudication sheets for competitions will be available for collection at the Mod Information Desk in The Queen's Hall on Saturday 13th October and between Monday 15th and Friday 19th October.

Note: Competitors should allow a minimum of two hours after the end of competition before collection of Adjudication Sheets.

Pìosan ainmichte Mòd 2019

Gheibhear Leabhran nam Pìosan Ainmichte airson Mòd 2019 aig Ionad Fiosrachaidh a' Mhòid, Talla na Banrighinn air Disathairne 13mh Dàmhair agus eadar Diluain 15mh agus Dihaoine 19mh Dàmhair.

Mod 2019 Prescribed Music

Prescribed Pieces for Mòd 2019 will be available at the Mod Information Desk in The Queen's Hall on Saturday 13th October and between Monday 15th and Friday 19th October.

Buill a' Chomuinn

Bheil sibh nur ball den Chomunn Gàidhealach?

Gheibh buill lùghdachadh **50%** air ticeadan airson prìomh pharpaisean a' Mhòid—sàbhalaich mòr!

Cosgaidh ballrachd £15 / £5 (Òigridh / Oileanaich)

Airson tuilleadh fiosrachadh, cuiribh post-d gu marina@ancomunn.co.uk no cuiribh fòn air 01851 703 487.

An Comunn Gàidhealach Members

Are you a member of An Comunn Gàidhealach?

Members receive a **50%** reduction on the price of the premier Mod events—a huge saving!

Membership costs £15 / £5 (Junior / Student)

For further information, please contact marina@ancomunn.co.uk or telephone 01851 703 487.



Taisbeanadh a' Mhòid

Gach bliadhna, bidh Taisbeanadh Gàidhlig againn aig a' Mhòd a bhios a' ruith fad na seachdain.

Bidh measgachadh de bhuidhnean Gàidhlig agus ionadail ann le fiosrachadh mu dheidhinn na seirbhisean a tha iad a' tabhainn.

Bidh leabhrachean Gàidhlig, CDs agus measgachadh de rudan eile ann rin ceannachd.

Bidh na buidhnean a leanas an làthair aig Taisbeanadh na bliadhna seo:

Cal Mac, Comhairle nan Leabhrachean, Bòrd na Gàidhlig, Stòrlann, Tobar an Dualchais, Graficana, Woodland's Trust, Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, Prasg, Richard Deveria, Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba
agus mòran eile.

Airson tuilleadh fiosrachaidd curirbh fios gu Seonag Anderson:

seonag@ancomunn.co.uk
01463 709 705

Bheil sibh air Duaisean a' Mhòid a thilleadh?

Tha grunn dhuaisean fhathast gun an tilleadh thugainn.

Mur a bheil sibh air duaisean a' Mhòid a thilleadh thugainn, feuch gun till sibh iad cho luath's a ghabhas no cuiribh fios gu Seonag Anderson ann an oifis Inbhir Nis air:

01463 709 705 no gu seonag@ancomunn.co.uk

Gaelic Showcase

Each year we have a Gaelic Showcase which runs for the duration of the Mod, which features a wide selection of Gaelic and local exhibitors with lots of information about their products & services.

There will be books, CDs and various other items for sale.

The following organisations will feature at this year's Showcase:

Cal Mac, Gaelic Books Council, Bòrd na Gàidhlig, Stòrlann, Tobar an Dualchais, Graficana, Woodland's Trust, National Library of Scotland, Prasg, Richard Deveria, Historic Environment Scotland and various others.

For further information, please contact
Seonag Anderson:

seonag@ancomunn.co.uk
01463 709 705

Have You Returned Your Mod Trophies?

We are still waiting for a number of trophies to be returned.

If you still have trophies from last year's Mod, please return them to us as soon as possible or contact Seonag Anderson in our Inverness office on:

01463 709 705 or seonag@ancomunn.co.uk

Òrdughan airson Ticeadan & Prògraman

Ma tha sibh air foirm-iarrtais a chur thugainn airson ticeadan agus prògraman a' Mhòid, tapadh leibh. Thèid iad a-mach thugaibh anns na làithean a tha romhainn.

Tha sinn a' moladh gun ceannaich sibh ticeadan agus prògraman ron a' Mhòd gus nach bidh cus dàil ann aig an àm.

Ma tha sibh nur buill den Chomuinn, gheibh sibh lùghdachadh air prìsean ticeadan nam prìomh fharpaisean agus prògraman a' Mhòid. Dèanaibh cinnteach gu bheil sibh air bh' ur ballrachd airson am bliadhna a phàigheadh.

Ticket & Programme Orders

If you have sent us an order form for tickets and programmes for this year's Mod, thank you. These are currently being processed and will be sent out in the coming days.

We recommend that Mod goers purchase tickets and programmes prior to the Mod if possible, to avoid delays and queueing at the Mod Information Desk.

If you are a member of An Comunn you will receive a discount on tickets for premier competitions and Mod programmes. Please make sure that your membership is up to date as this will be checked at the time of purchase.





Fàilte gu Dùn Omhain

Tha Dùn Omhain air leth thoilichte fàilte chur air am Mòd Nàiseanta Rìoghail 2018. Thèid an tachartas a chumail thairis air seachdain eadar an 12mh agus an 20mh den Dàmhair ann am measgachadh de thallaichean air feadh am baile. Bidh mòran a' dol air adhart aig a' Mhòd, mar farpaisean, cuirmean, tachartasan sòisealta agus bidh gu leòr a' dol mar phàirt de iomall a' Mhòid cuideachd.

Nach tig sibh ann, bidh gu leòr ri lorg ann am prògraman oifigeil a' Mhòid agus Iomall a' Mhòid—bidh na prògraman ri fhaighinn a dh' aithghearr.

Tha Comataidh Ionadail a' Mhòid air a bhith ag obair gu cruaidh còmhla ris a' Chomunn Ghàidhealaich gus dèanamh cinnteach gum bidh Mòd soirbheachail againn an Dùn Omhainn!

Àite Fuirich an Dùn Omhain

Tadhlaibh air làrach-lìn no duilleag Facebook Comataidh Ionadail Dhùn Omhain airson fiosrachadh mu àiteachan-fuirich a tha fhathast ri fhaighinn seachdain a' Mhòid ann an Dùn Omhain.

www.facebook.com/DunoonMod2018
www.moddhunomhain.com

Cuidich aig Mòd Nàiseanta Rìoghail 2018

Bheil sibh saor seachdain a' Mhòid airson taic a thoirt mar stiùbhard? Nach cuir sibh fios chun Chomataidh Ionadail ma tha sibh deònach an cuideachadh.

www.facebook.com/DunoonMod2018
www.moddhunomhain.com

Welcome to Dunoon

Dunoon is absolutely delighted to be hosting the Royal National Mòd in 2018. The week long event of Gaelic culture will be held from the 12th-20th October at various venues throughout the town. The Mòd will consist of competitions, performances, social events and plenty of fringe activities.

We encourage everyone to get involved and to check out the official and fringe programmes, they will be made available very soon.

The local organising committee have been working very hard in the lead up along with An Comunn Gàidhealach to make Mòd Dhùn Omhain a success!

Accommodation in Dunoon

Please visit the Dunoon Mod website and Facebook page for details of accommodation that is still available for Mod week.

www.facebook.com/DunoonMod2018
www.moddhunomhain.com

Volunteer at the Royal National Mod 2018

Are you free to help out at this year's Mòd as a steward? Let the Mòd Dhùn Omhain Local Committee know if you can give your time.

www.facebook.com/DunoonMod2018
www.moddhunomhain.com

Oidhche le Sgioba Luaidh Inbhir Chluaidh

Chaidh oidhche shònraichte a chumail ann an Talla Eaglais St Mun's an Dùn Omhain air an 22mh den t-Sultain, gus airgead a chruinneachadh airson Mòd Dhùn Omhain 2018. Bha oidhche air leth againn le Sgioba Luaidh Inbhir Chluaidh.

Bha Frances Dunlop agus an sgioba aice gu math èibhinn agus dh' ionnsaich sinn tòrr mu dheidhinn beatha chroitearan agus luadh. Chòrd an oidhche ris a h-uile duine a bha an làthair.

Tha muinntir Dhùn Omhainn a' coimhead air adhart ri fàilte a chur air a h-uile duine don bhaile airson Mòd Nàiseanta Rìoghail 2018.

An Evening with Sgioba Luaidh Inbhir Chluaidh

The latest fund raising event for Dunoon Mod 2018 was held on 22nd September in St Muns church Hall. It was a great evening of entertainment by Sgioba Luaidh Inbhirchluaidh.

Frances Dunlop and her group of ladies were highly entertaining as well as educational and the audience learned much about life on the croft and how to waulk the tweed. There was much laughing and audience participation.

Dunoon is very much looking forward to hosting the Royal National Mod 2018.



Raffle Mòd 2018

Tha ticeadan ri fhaighinn a-nis airson raffle Mòd 2018. Tha sinn air iarraidh air na Còisirean cuideachadh le bhith reic ticeadan cuideachd.

Ma bhios duine eile deònach ar cuideachadh le bhith a' reic ticeadan, curiabh fios gu Micheal aig glenlodge130@gmail.com

Am measg na duaisean tha £500, saor-laithean deireadh sheachdain ann an diofair àitean air feadh Alba agus mòran eile!

Feuch gun ceannaich sibh feedhainn!

Mod 2018 Raffle

Tickets are now available for the Mod raffle. Choirs have been invited to sell these.

If anyone else would be willing to assist in selling these, please email Michael at glenlodge130@gmail.com

Prizes include £500 cash, weekend breaks at various Scottish locations and much more!

Be sure not to miss out!

KEY: Mod 2018 Venues

1. The Queen's Hall
2. Dunoon Baptist Church Centre
3. Dunoon Burgh Hall
4. The High Kirk
5. St John's Church
6. Our Lady & St Mun's Church
7. Kim Primary School
8. Dunoon Grammar School
9. Dunoon Stadium



2018
Dhùn Omhain
MÒD

Sùil air Ais



Ma bhios sibh a' leanntainn duilleag Facebook a' Mhòid, 's dòcha gum faca sibh feadhainn de na deilbh a chur sinn suas bho chionn ghoirid.

A bheil sibh ag aithneachadh duine anns na dealbhan gu h-ìosal, bho Mòd Nàiseanta Rìoghail 2000 ann an Dùn Omhain?

Looking Back

For those of you who regularly visit our Facebook page, you may have seen some of the photos we recently shared from our Mod archives!

Do you recognise any of these faces from the 2000 Royal National Mod in Dunoon?



Bheil ùidh agad ann an Dannsa Gàidhealach? Nach cuir sibh a-steach airson aon de na farpaisean againn? Gheibh sibh barrachd fiosrachadh gu h-iosal.

Interested in entering one of our Highland Dancing competitions or know any dancers who may be? Please see the form below for further information.

Royal National Mod Highland Dancing Festival

Dunoon Grammar School

61 Ardenslate Rd, Kirn, Dunoon PA23 8LU

Thursday 18th October, 2018

A : 16 Pas de Basques
B : P de B and High Cuts
C : Highland Fling
D : Sword Dance

E : Seann Truibhas
F : Hullachan (Half Tulloch)
G : Trophy Highland Fling

H : Flora McDonald
I : Scottish Lilt
J : Barrack's Johnny
K : Sailors' Hornpipe

SECTION	ORDER OF EVENTS	STARTING TIME : 10.00 AM
Primary	A B C D	4yrs, 5yrs, 6yrs
Beginner	C D E F G H I	(8yrs and under (9yrs & under 11yrs (11yrs & under 13yrs (13yrs & under 16yrs
Novice	C D E F G H I	
SECTION	ORDER OF EVENTS	STARTING TIME : 1.30 PM
Intermediate	C D E F J H I K	9yrs & under 10 yrs & under 12yrs 12 yrs & under 14 yrs 14 yrs & under 17yrs
Premier	C D E F J H I K	Under 10 years 10 yrs, 11 yrs, 12 yrs, 13 yrs, 14 yrs, 15 yrs, 16 years and over

All competitors must be registered with the SOBHD and all registration cards shown.

Organisers reserve the right to alter age groups according to entry.

Annual trophies awarded in each age group over all dances, except Primary section.

Entry Fees Primary: £7.20, Beginner/Novice: £12.60, Int/Prem: £14.40 Payable to AADF

Closing Date 9th October 2018

Entries to Entries – Donna Mitchelson, 1 Adderley Terrace, Monifieth DD5 4DQ Tel. 01382 532385

ENTRIES MAY BE MADE ON-LINE AT WWW.TOEANDHEEL.COM

Note: Entry records will be electronically stored for one year from the date of the contest from which time they will be removed.

Name	Age	Reg No.
Address	Telephone No.	
Section	Dances	
School of Dancing	Money Enclosed £	Payable AADF



Mòd Nàiseanta Rìoghail

Royal National Mod

Atharrachaidhean | Amendments

Chìtheart atharrachaidhean ri Earrainnean na bliadhna seò gu h-iosal. Cumaibh sùil air an làrach-lìn againn gun fhios nach bidh fiosrachadh eile ann a thaobh na h-earrainnean ainmichte.

You can view changes and amendments to this year's prescribed pieces below. Keep an eye on our website for any further information regarding the prescribed pieces.

A305 Gheibhinn Cadal Math

Alto – Bar 17 – iomadh should be aomadh

Sop 1 bar 42, Sop2 bar 43, Alto bar 44 – earras maoin should be earras 's maoin

Bar 12 - Alto line 2nd beat should be a single 'G' as it is in bar 36.

A306 – Siud mar chaidh an càl a' dholaidh

Bar 16 & 32 – delete final soprano notes in these bars

Bar 18 – tenors to sing same rhythm as ladies

Bar 53 – Alto line to be sung the same as bar 49

Bar 55 – Alto 'bhata' to be sung as two crotchets

A308 -A chaile dhubb a' sgulair

The word 'Sgùlair' should actually be written as 'Sgulair' but it shouldn't affect the musical rhythm of the word.

C51A - Cumha nan lasgairean

Verse 4 should be sung as: Mo thriùir bhràithrean taobh ri taobh riuth'

'S fear an taighe, 's e bu daoire

A307—Don Stiùbhard air dha bhith fàgail a Fusilier

Bar 31, Bass 1 & 2— rhythm should be the same as it is in bar 39

A308 Gu dè thug dhan bhaile seo thu?

Bar 69 – 2nd soprano sol fa should be so la la instead of la ti ti

Bar 71 – 2nd soprano sol fa should be so la ti instead of la ti do

C42A(i) Duan an dansair

Verse 2, final line: should be soills a' priobadh rather than solais a' priobadh

C103 Marbhphaisg air an oige

Rann 2, line 2: dhuibh or dhiubh will be accepted

For any further information on the above changes, please contact the

Music Committee Administrator:

mairi@ancomunn.co.uk

www.ancomunn.co.uk

Còisir Gàidhlig Pheairt a' lorg Buill Ùr

Bidh am Mòd Nàiseanta Rìoghail a' tilleadh a' Pheairt ann an 2021—nach eil sin mìorbhailleach!

Ma tha Còisir Gàidhlig gu bhith aig Peairt airson Mòd 2021 feumaidh sinn barrachd sheinneadairean fhaighinn.

An dràsta, ged a tha Còisir beag àlainn againn, chan eil tòrr againn ann agus chan eil seinneadairean 'tenor' idir againn. Bhiodh e gu math tàmailteach mur am b' urrainn dhuinn seinn aig a' Mhòd nuair a bhios e an seo.

Tha ceòl Gàidhlig breatha agus chan fheum thu a bhith fileanta anns a' Ghàidhlig airson seinn anns a' Chòisir. 'S e buidhean beag àlainn a th' ann a bhios a' cruinneachadh còmladh gus òrain bhreaga a sheinn.

Ma tha ùidh agaibh anns a' Chòisir, cuiribh fios thugainn.

Bidh sinn a' coinneachadh gach oidhce 'Luain eadar 7.30-9f ann an Talla Choimhearsnachd North Inch, Acadamaidh Eòin.

Siuthadaibh, nach tig sibh còmlla rinn!

Perth Gaelic Choir In Search of New Recruits

The Royal National Mod returns to Perth in 2021—how amazing is that!

In order for Perth to have a Gaelic choir in this event we need to increase the numbers in the choir.

At present, whilst singing beautifully we are small in numbers and have no tenor singers. It would be awful if we could not sing in the amazing Mod when it's on our doorstep.

Gaelic music is beautiful and you don't have to speak Gaelic to sing in the choir. It's a lovely diverse group of people coming together to sing beautiful music.

If you would like to learn more please get in touch.

We meet at North Inch Community Campus (at Johns Academy) on Mondays term time 7.30-9.

Go on—come and join us!



Comunn Gàidhlig Inbhir Nis
Òraid Ghàidhlig
Obair a' Chlò Mhòir san là-an-diugh
le
Dòmhnaill Màrtainn

Dihaoine, 5 an Dàmhair, 7.30f

Seòmar SGL Eden Court

Fàilte dhuibh uile



Mòdan Ionadail 2018

Provincial Mods 2018



Mull Mod Celebrates 80 Years!

'B e bliadhna gu math sònraichte a bh' aig Mòd Ionadach na Dreoluinn am bliadhna oir b' e seo an 80mh Mòd againn. Bha sinn toilichte fàilte a chur air na farpaisich agus air luchd-tadhail a' Mhòid a-rithist am bliadhna. Tha am Mòd againn an còmhnaidh gu math trang leis cho faisg 's a tha e air am Mòd Nàiseanta Rìoghail san Dàmhair, ach cuideachd bidh am baile a' tighinn beò le muinntir a' Mhòid.

Ghabh còrr is 200 neach pàirt ann am farpaisean òigridh—ann am farpaisean seinn, bàrdachd, còmhradh agus ionnsramaid agus bha 16 buidhnean agus Còisirean òigridh ann cuideachd.

A bharrachd air farpaisean seinn agus beul-aithris, bha sinn toilichte gun robh na h-àireamhan nas àirde airson farpaisean bocsa, piàna, fidheal agus clàrsach cuideachd. Leis gun robh na h-àireamhan cho àrd am bliadhna, għluais sinn feadhainn de dh' farpaisean ionnsramaid na h-òigridh gu Disathairne, mar a bhios sinn a' dèanamh le farpaisean pìobaireachd agus feadan. Ma bhios na h-àireamhan a' cheart cho àrd an ath bhliadhna 's dòcha gur ann air an Disathairne a thèid farpaisean ionnsramaid òigridh a chumail bho seo a-mach. Bhiodh seo cuideachd nas phasa don fheadhainn a bhios a' għabjal pàirt ann a tòrr farpaisean eile air an Dihaoine.

Bha Mòd na h-inbhich gu math trang air Disathairne cuidachd, le còrr is 30 a' seinn ann am farpaisean aon neach agus seinn càraig agus beul-aithris cuideachd. Ghabh 9 còisirean pàirt cuideachd.

Thèid aon thachartas eile a chumail gus an 80mh bliadhna againn a chomharrachadh air Disathairne an 10mh den t-Samhain, far am bidh dìnear againn ann an Taigh-osta an Eilein Mhuilich. Tha failte chridheil air duine sam bith a bha a-ràiamh an sàs anns a' Chomataidh no a' cuideachadh aig am Mòd. Cumaibh sùil a-mach airson postairean nas fhaisg air an àm.

Taing mhòr dhuibh uile!



Mòd Ionadach na Dreoluinn aig 80 Bliadhna!

This year marks eighty years since the Mull Mòd was established, and we were delighted to welcome so many competitors and visitors once again this year. The Mull Mòd is one of the more popular provincial mòds, largely due to it's proximity to the National Mòd, in October, but also because it always provides a wonderful atmosphere and buzz around the town.

This year on the Friday of the mòd, we welcomed more than 200 children competing in solo singing, poetry recitation, Gaelic conversation and instrumental competitions, as well as 16 school groups or junior choirs.

This year, in addition to the usual vocal and oral competitions we were delighted to have several entries for the accordion, piano, fiddle and clarsach competitions. Because of the huge amount of entries this year we moved some of the children's instrumental competitions to Saturday, as we do with the piping and chanter competitions, and we expect that if the number of instrumental competitions remains as high next year, we will keep them on Saturday as it also simplifies matters for children who are in a large number of competitions on Friday.

Saturday welcomed the adult competitors – more than 30 soloists and duettists as well as some entries for the adult oral recitation competitions. Nine adult choirs competed on Saturday.

As a final part of our 80th Anniversary Celebrations, we will be gathering for a meal at the Isle of Mull Hotel on Saturday, 10th November. Any former committee members or helpers will be welcome to join us, so please keep a look out for posters closer to the time.

Thanks again and here's to the next 80 years!



Dealbh le Aonghas Stiùbhart www.mullart.com

Chìthean gu h-ìosal dealbh no dhà bho cruinneachadh de chòisirean a bh'agann an Dùn Dè air Disathairne an 15mh den t-Sultain, mar phàirt de thachartasan V&A. Bha an Còisir bho stiùir Frances Menter à Dùn Dè agus May Brown à Obar Pheallaidh.

Bha seinneadairean againn bho còisirean Obar Pheallaidh, Dùn Eideann, Lodainn agus Sruighlea air an latha agus chòrd an tachartas rinn uile gu mòr. Sheinn sinn na h-òrain àmhaisteach a bhios sinn a' seinn aig caismeachd nan còisirean agus chòrd e ris an luchd-èisteachd. Bha feadhair anns an luchd-èisteachd nach robh air Gàidhlig a chluinntinn roimhe seo, luchd-turais agus thachair sinn ri bodach aig an robh Gàidhlig nuair a bha e na bhalach beag agus chòrd e ris a bhith na chluinntinn air a sheinn. Tha mi cinnteach gun tug e deòir gu shùilean.

'B e latha àlainn a bh' ann agus bha àrd-ùrlar àlainn againn aig Staidhre Gailearaidh McManus.

Bu mhath leinn taing mhòr a thoirt dhan a h-uile duine a thàinig còmhla rinn agus a thug taic dhuinn ann an dòigh sam bith. Thatar a' bruidhinn air seo a dhèanamh gach bliadhna, 's dòcha ann am baile eadar-dhealaichte gach bliadhna!

Audrey Roshier
Ceòlraidh Ghàidhlig Dùn Dè.

Below are some photographs from our recent mini massed choirs event held in Dundee on Saturday 15th September, as part of the V. & A. events. The choir was conducted by Frances Menter from Dundee and May Brown from Aberfeldy.

We had members from Aberfeldy, Edinburgh, Lothian and Stirling joining us which helped make the day a joyous occasion. We sang through the usual massed choir songs to a large and appreciative audience. The audience consisted of those who had never heard Gaelic before, were visitors to the town, and we met an old gentleman who had spoken Gaelic as a boy, and was enjoying hearing it sung as a live performance. I'm sure there was a tear in his eye.


A little girl Astrid, sat a drew a picture of us all – check out our Facebook page for more pictures!

The sun shone and the McManus Gallery Steps made a stunning backdrop.

We'd like to thank everyone who joined us and helped make the day so special. There's even talk of doing this on an annual basis, perhaps in a different town each year!

Audrey Roshier
Ceòlraidh Ghàidhlig Dùn Dè.





OBAN GAELIC CHOIR



Stòras

*Exploring the riches of
Argyllshire Bàrdachd*



Featuring guest artists:

Finlay Wells

Alastair MacLean

Archie McAllister

Angus MacColl



Admission: £10.00

Conc./OAP: £8.00

Under 16: £5.00

Tickets available
exclusively from
www.dunoonburghhall.org.uk

Wednesday, 17th October, 7.30pm
Dunoon Burgh Hall

Bòrd na Gàidhlig a' Sireadh Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig

Tha Bòrd na Gàidhlig an-diugh a' foillseachadh shanasan airson na dreuchd, Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig, dreuchd cho cudromach 's a tha ri fhaighinn ann am foghlam Gàidhlig.

Bidh an neach soirbheachail a' stiùireadh poileasaidh foghlaim is ionnsachaiddh a' Bhùird, a' comhairleachadh an Riaghaltas agus ag obair gu dlùth còmhla ri ùghdarrasan ionadail agus buidhnean-lìbhrigidh eile airson amasan a' Bhùird a thaobh foghlaim is ionnsachaiddh a choileananadh.

Chaidh Am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2018-23 fhoillseachadh o chionn beagan mhìosan le trì priomhachasan agus 's e 'A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig' fear dhiubh. Mar sin, tha a h-uile cothrom aig cuideigin a bhith a' toirt buaidh mhòr air leasachadh ann an ionnsachadh na Gàidhlig thar nam bliadhnaichean ri teachd. 'S e obair glè inntinneach a tha seo, far am bi an neach ag obair le ùghdarrasan ionadail air feadh na h-Alba, is le buidhnean foghlaim eile.

Thuirt Jim Whannel, Cathraiche na Comataidh Ionnsachaiddh aig Bòrd na Gàidhlig: "Bidh iomadh cothrom aig an neach a bhios soirbheachail buaidh mhòr a thoirt air fàs na Gàidhlig tro fhoghlam aig gach aois – eadar clann san dachaigh gu inbhich a tha ag ionnsachadh tro dhòighean didseatach. Tha obair a' Bhùird glè chudromach ann a bhith a' cur taic ri teaghlaichean, ris na h-ùghdarrasan ionadail agus ris na daoine a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig.

"Tha sinn ag obair gu dlùth leis an Riaghaltas, le Foghlam Alba agus buidhnean poblach eile, leis na h-oilthighean is colaisteann is buidhnean sa choimhearsnachd is tha Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig aig cridhe na h-obrach seo. Bidh an obair seo glè tharraingeach is inntinneach dhan neach aig a bheil na sgilean, comasan is eòlas a tha freagairt air na cothroman a tha rim faotainn aig a' Bhòrd."

Gheibhear pasgan fiosrachaidh mun dreuchd air-loidhne air làrach-lìn a' Bhùird www.gaidhlig.scot

Feumtar tagraighean airson na h-obrach a chur chun a' Bhùird ro 5.00f, Diluain 22mh An Dàmhair 2018. Tha an tuarastal aig an sgèile C2, a tha a' tòiseachadh aig £60,379.

Ma tha sibh airson barrachd ionnsachadh mun dreuchd agus bruidhinn mu deidhinn gu neo-fhoirmeil, cuiribh fios dhan Cheannard, Shona Nicllinnein shona@gaidhlig.scot

Bòrd na Gàidhlig to Appoint Director of Gaelic Education

Bòrd na Gàidhlig, the public body responsible for promoting Gaelic language and culture, is seeking to appoint a new Director of Gaelic Education.

The post holder will be responsible for the Bòrd's education policy, advising the Bòrd itself, Scottish Government and other education and learning providers such as local authorities on the Bòrd's aims for developing Gaelic education.


Jim Whannel, Chair of the Learning Committee at Bòrd na Gàidhlig said: "The successful candidate will have the opportunity to make a significant contribution to the growth of Gaelic and Gaelic education at all levels – from children using Gaelic at home to adult learning via digital technology. The Bòrd's work provides valuable support to families, local authorities and people learning Gaelic.

"We work closely with the Scottish Government, Education Scotland and other public bodies, universities and colleges and community groups and the Director of Gaelic Education is at the heart of this partnership working. The post will be both rewarding and stimulating for the successful candidate who will possess the knowledge, skills and abilities to take advantage of the opportunities which they will be given at the Bòrd."

An information pack detailing the job and the terms and conditions is available from the Bòrd's website www.gaidhlig.scot

Applications must be submitted by 5pm, Monday 22nd October 2018. The post is advertised on the salary scale C2, which starts at £60,379.

Anyone interested in the post who would like further information or to have an informal conversation about it, should contact Shona MacLennan, Ceannard, on shona@gaidhlig.scot to arrange this.



Dà Fharpais Sgrìobhaidh Ùr

Tha Comhairle nan Leabhaircian, ann an co-bhoinn le Oïlthigh Għlaschu, a' sireadh thagraidhean bho sgrìobhadairean Gàidhlig airson dà fharpais sgrìobhaidh ùr. Bithear a' ruith nam farpaisean seo ann an 2018 a-mhàin, mar chomharra air 50 bliadhna on a chaidh a' bhuidheann a stèidheachadh ann an Ròinn na Ceiltis san Oïlthigh ann an 1968.

'S e farpais bàrdachd a th' ann an **Duais Ruaraidh**

MhicThòmais, agus thathar a' sireadh pìosan bàrdachd no òrain air a' chuspair '**Criochan Ùra**'. Tha iomadach "crioch" air an gabh beachdachadh agus thathar a' coimhead air adhart ri farsaingeachd de dhàin air a' chuspair.

B' ann fo stiùir an Àrd-Ollamh Ruaraidh MhicThòmais a bha a' chiad choinneamh dhen Chomann Leabhaircian (mar a bh' air a' bhuidheann aig an àm), air 20 Dùblachd 1968. B' e MacThòmais cuideachd, còmhla ri Fionnlagh I. MacDhòmhnaill, a stèidhich an ràitheachan *Gairm* ann an 1951 airson sgrìobhadh Gàidhlig a bhrosnachadh.

Dh'fhoillsich MacThòmais e fhèin ochd cruinneachaidhean de a bhàrdachd uile gu lèir, agus nam measg, *An Dealbh Briste*, *Creachadh na Clàrsach*, *Smeur an Dòchais* agus *Sùil air Fàire*. Bha e an sàs ann an grunn leabhaircian eile mar ùghdar agus neach-deasaiche, a chur gu mòr ris an tuigse a th' aig a' mhòr-shluagh air bàrdachd na Gàidhlig, gu h-àraidh *An Introduction to Gaelic Poetry*. Dh' eug Ruaraidh MacThòmais ann an Glaschu ann an 2012.

'S ann mar chuimhneachan air an sgrìobhadair Chrisella Rois, a chaochail ann an 2017, a tha an dàrna duais, **Duais Cuimhneachaidh Chrisella Rois**. Thathar a' sireadh sgeulachdan airson cloinn aois 7-10, air cuspair sam bith.

Bha Chrisella an sàs ann an saoghal litreachas na Gàidhlig thairis air iomadach bliadhna – mar sgrìobhadair, sgrìobhaiche-dràma, sgeulaiche agus eadar-theangair. B' i an sgrìobhaiche a chruthaich an dràma *Bannan* airson BBC Alba. Sgrìobh i leabhaircian chloinne, nam measg *Cuach a' Charthannais*. Bha i na h-eadar-theangair cuideachd aig Acair agus 's iomadh leabhar taitneach chloinne air an do chur i dreach Gàidhlig eireachdail, nam measg *An Crogall Nach Iarradh gu Uisge* agus *A Shutha Chòir*. Chuir Chrisella seachad beagan tide cuideachd ag obair mar Oifigear Reic aig Comhairle nan Leabhaircian eadar 1987-88, is i a' siubhal le bhan nan leabhaircian air feadh Alba.

Tha na duaisean ùra seo fosgailte do sgrìobhadair a tha a' fuireach ann an dùthaich sam bith agus feumaidh iarrtasan a bhith ann an Gàidhlig na h-Alba a-mhàin.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh agus riaghailtean air www.gaelicbooks.org.

Feumair iarrtasan a chur a-steach ro 5.00£ air Diluain 5 Samhain. Thèid geàrr-liosta fhoillseachadh aig deireadh na Samhna agus thèid na duaisean a thoirt seachad aig tachartas sònraichte ann an Oïlthigh Għlaschu air Diluain 3 Dùblachd.

Two New Gaelic Writing Competitions

The Gaelic Books Council, in partnership with the University of Glasgow, is seeking entries for two new Gaelic writing competitions. These competitions will be run in 2018 only, to mark 50 years since the organisation was established in the Department of Celtic at the University in 1968.

The Derick Thomson Award is for poetry and song and entries are sought on the theme of '**Criochan Ùra' (new borders)**. There are many ways to interpret 'borders' and we are looking forward to receiving a wide variety of poems on the subject.

Professor Derick Thomson presided over the first meeting of An Comann Leabhaircian (as it was then called), on the 20th of December 1968. Thomson also established the periodical *Gairm* in 1951, along with Finlay J. MacDonald, with the aim of encouraging Gaelic writing.

Thomson himself wrote eight collections of poetry, including *An Dealbh Briste / The Broken Picture*, *Creachadh na Clàrsach / Plundering the Harp*, *Smeur an Dòchais / The Bramble of Hope* and *Sùil air Fàire / Surveying the Horizon*. He was also involved in many other books as a writer and editor which contributed hugely to the general population's knowledge of Gaelic poetry, especially *An Introduction to Gaelic Poetry*. Derick Thomson died in Glasgow in 2012.

The second award, **The Chrisella Ross Memorial Prize**, is in memory of the writer Chrisella Ross, who died in 2017. It is for stories on any subject for children age 7-10.

Chrisella was involved in the Gaelic literary world for many years – as a writer, dramatist, storyteller and translator. She was the writer who created the popular BBC Alba drama *Bannan* and she wrote children's books, including *Cuach a' Charthannais*. She was also a translator with Acair and produced beautiful Gaelic versions of many popular children's books such as *The Crocodile Who Didn't Like Water* and *Dear Zoo*. Chrisella also spent some time as a Field Officer with the Gaelic Books Council between 1987-88, travelling across Scotland with the book van.

These new awards are open to writers in any country and entries will only be accepted in Scottish Gaelic.

More information and competition rules are available at www.gaelicbooks.org.

Entries must be received by 5.00pm on Monday 5th November. The shortlist will be announced at the end of November and the prizes will be awarded at a special event at the University of Glasgow on Monday 3rd December.



Duais Ruaraidh MhicThòmais

The Derick Thomson Award

airson bàrdachd is òrain Ghàidhlig for Gaelic Poetry and Song

Tha Alasdair Chaluim Alasdair
is Niall Iain Ruaidh
in fhathast
“Crìochan Ùra”

cuspair subject:
duais prize: £500

a' lorg priobadh na siorraideachd,
an dachnigh bhlàth
taobh thall na stoirme,
lòrdan is Ierusalem,
is Müirneag a' feitheamh.

tagraighean submissions: CNL50@gaelicbooks.org

tuilleadh fios more info: www.gaelicbooks.org



**Oilthigh
Għlaschu**

mar chomharra air 50 bliadhna de Chomhairle nan Leabhrachiean
in celebration of 50 years of the Gaelic Books Council



Duais Cuimhneachaidh Chrisella Rois

The Chrisella Ross Memorial Prize

airson sgeulachdan cloinne for children's stories

cuspair subject:

Rosg airson aois 7-10

Prose for age 7-10

duais prize:

£500

ceann-latha deadline:

05/11/18



tagraighean submissions: **CNL50@gaelicbooks.org**

tuilleadh fios more info: **www.gaelicbooks.org**



**Oilthigh
Għlaschu**

mar chomharrha air 50 bliadna de Chomhairle nan Leabhracħeñ
in celebration of 50 years of the Gaelic Books Council





Seiseanan-leughaidh Gàidhlig loma-làn sgeulachdan, òrain is
gheamannan airson nan tràth ìrean, le Linda NicLeòid
Fun-filled Gaelic reading sessions full of stories, songs and games for
early-years children with Linda Macleod

Leabharlann Talla na Banrighinn, Dùn Omhainn

Queens Hall Library, Dunoon

Diluain 15 & Dimàirt 16 Dàmhair, 12.15f & 1.15f

Monday 15th & Tuesday 16th October, 12.15pm & 1.15pm

Airson àite a ghleidheadh, curibh fios gu | To reserve a place, contact:
shelagh@gaelicbooks.org





Tha planaichean a' tighinn ri chèile airson consart Dileab a tha a' gabhail àite air feadh nan Eilean Siar san t-Samhain agus san Dùblachd 2018.

Gàbhaidh consart na Hearadh àite air Dihaoine an 9mh Samhain, agus bidh sgoilearan à Sir E Scott an sàs, a' dèiligeadh ri strì an fhearrainn, casaidean agus poilitigs. Gàbhaidh consart Dileab Sgoil Lionacleit àite air Diardaoin an 15mh Samhain, agus bidh e stèidhte air buaidh a' chogaidh air ar n-eileanan. Bidh consart Sgoil Choimhairsnachd Bagh a' Chaisteil ann air an 30mh Samhain, agus bidh e stèidhte air eilthireachd. Gàbhaidh an consart mu dheireadh àite ann an Ionad Spòrs Leòdhais, consart Àrd-sgoil MhicNeacail, le fear an taigh, Alasdair Friseal a bha na sgoilear, agus a tha aithnichte mar chraoladair. Bidh an consart seo a' comharrachadh 100 bliadhna bho Chall na h-Iolaire, a dh'fhàg buaidh tiamhaidh air an sgoil agus a' choimhairsnachd. Am measg an fheadhainn a bhios a' gabhail pàirt, bidh orchestra thraigseanta na sgoile, còisir, seinneadairean, preasantair agus taisbeanaidhean eile bho sgoilearan air feadh nan Eilean Siar, leithid Còmhlan Piobaireachd Sgoil Lionacleit. Bidh Willie Campbell cuideachd a' cluich òrain ùr a bha air a chur air dòigh le Roinn Foghlam na Comhairle, le na ceithir chuspairean aig na ceithir chonsartan.

Thèid an consart air an 14mh Dùblachd a' chlàradh le BBC Radio nan Gàidheal agus thèid a chur a-mach mar phàirt de shreath phrògraman a tha a' cuimhneachadh Call na h-Iolaire.

A dh'aithghearr, thèid fiosrachadh a' sgaoileadh mu thiocaidean, airson nan consartan gu lèir, agus gu h-àraid airson an 14mh Dùblachd, is thathas am beachd gum bi mòran dhaoine a' sireadh thiocaidean airson an tachartais.

A bruidhinn air an consart mu dheireadh air an 14mh latha den Dùblachd, thuirt Frances Mhoireach, Ceannard Sgoil MhicNeacail: "Tha e cho cudromach gum bi an ginealach sgoilearan seo mothachail mu dheidhinn buaidh a' Chiad Chogaidh agus gu h-àraid buaidh tubaist na h-Iolaire air an eilean. Tha sinn air leth moiteil gum bi ar sgoilearan le tàlant ciùil an sàs anns an tachartas seo gus cuimhneachadh air an fheadhainn a chaidh a chall."

Thuirt an Comhairliche Aonghas MacCarmaig, Cathraiche Comataidh Foghlam, Spòrs is Seirbheisean Cloinne: "Air sgàth 's gur e Bliadhna na h-Òige a th' ann, agus gu bheil e a' ceangal a-steach ri 100 bliadhna bho Chall na h-Iolaire, tha e air leth freagarrach gu bheil ar n-òigradh air feadh nan Eilean Siar ag obair air pròiseactan a tha a' ceangal a-steach ris a' Chogaidh. Tha sgoilearan agus tidsorean air sàr obair a dhèanamh, ag obair còmha ri Ionad Ioma Mheadhan na Comhairle, air cuspairean cudromach mar eilthireachd agus buaidh a' chogaidh air ar coimhairsnachdan.

"Tha mi air a bhith fortanach pìosan den cheòl agus tàlant nan sgoilearan fhaicinn, le taic bho neach-ciùil aithnichte, Willie Campbell, agus tha mi cinnteach gum bi oidhche air leth aig an fheadhainn a gheibh tiocaidean airson na tachartasan."

Plans are gaining momentum for the Dileab concerts which will take place throughout the islands in November and December 2018.

The Harris event will take place on Friday the 9th of November and will feature pupils from Sir E Scott and their showcasing of the themes of land struggle and protest and politics. On Thursday the 15th of November, Sgoil Lionacleit will host their Dileab concert based on the theme of the impact of war on our islands. On the 30th of November, Castlebay Community school will host a concert on the theme of emigration. The final concert will take place in Ionad Spòrs Leòdhais, hosted by The Nicolson Institute and presented by well-known broadcaster and former pupil, Alasdair Fraser. This concert will be the school's commemoration event marking one hundred years since the Iolaire disaster which had a devastating impact on the school and the wider community. This concert will feature the school's traditional orchestra, choirs, soloists, psalm precentors and performances from pupils across the Western Isles, including the Sgoil Lionacleit Pipe Band. Willie Campbell will also be showcasing new songs commissioned by the Comhairle's Education Department, featuring the four themes of Dileab, at each of the four concerts.


BBC Radio nan Gàidheal will record the concert on the 14th and this will be broadcast as part of their series of programmes remembering the Iolaire tragedy.

Information on ticketing for the concert on the 14th of December will become available soon and it is anticipated that there will be great demand for this event. Information on ticketing for the other three concerts will also be announced soon.

Commenting on the final concert which will take place on the 14th of December, Frances Murray, Rector of the Nicolson Institute said: "It is so important that the current generation of pupils continue to be aware of the huge effect that the First World War in general and the Iolaire tragedy in particular had on the island. We are delighted that the many talented musicians in the school will be involved in this fitting commemoration of those lost."

Cllr. Angus McCormack, Chairman of the Education, Sport and Children's Services Committee, said: "Given that this is the Year of Young People and it coinciding with the 100th anniversary of the Iolaire tragedy, it is highly appropriate that our young people across the Western Isles are working on projects relating to the war. I would like to commend the work done by the pupils and staff in collaboration with the Comhairle's Multimedia Unit, on important topics such as emigration and the impact of the war on our communities.

"Having already had a taster of the musical elements which will see young people showcase their talents alongside well-known local artists, Willie Campbell, I know that those fortunate enough to secure tickets for the events on are in for an absolute treat."



Playwrights' Studio Scotland

Duaisean nan Dràmairean Ùra

'S urrainnear a-nis cuir a-steach airson Duaisean Dràmairean Ùra.

Ceann-latha deireannach airson tagraighean: **5f, Diluain 1 Dàmhair 2018**

Tha Duaisean nan Dràmairean Ùra a' toirt cothrom leasachaidh cudromach proifeiseanta do dhràmairean aig toiseach an dreuchd, a tha a' còmhnaidh ann an Alba agus a tha fior dhealasach mu sgriobhadh don théàtar.

Tha sinn air leth toilchte gu bheil Comhairle nan Leabhrachain a' leantainn air aghaidh a' cur taic ris an duais seo do dhràmaire Gàidhlig.

Bidh Stiùdio Dhràmairean Alba ag obair còmhla ris na dràmairean a' toirt dhaibh ùine, farsaingeachd, sùbailteachd agus taic ionmhasail airson an obair a leasachadh, agus cuideachadh le na miannan adhartais cruthachail aca a thoirt gu ìre le bhith a' cuimseachadh air sgriobt shònraichte.

Gheibh gach dràmaire a thèid a thaghadh:

- Bursaraidh airgid £2,000
- Trì seiseanan meantaraidh thairis air bliadhna, le dràmaire proifeiseanta gan cuideachadh a' gluasad an obair air adhart
- Ratreut fad seachdaine (a' gabhail a-steach cosgaisean siubhail agus cuibhreann làitheil) aig Pàirc Còbh no a leithid eile
- Latha an sàs ann an leasachadh sgriobt le stiùiriche agus cleasaichean proifeiseanta

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh le bhith bruthadh air an ceangal gu h-ìosal:

[Duaisean nan Dràmairean Ùr](#)

Gaelic New Playwright Award

Applications for our Gaelic New Playwright Award are now open.

The deadline for applications is **Monday 1 October at 5pm**.

Gaelic New Playwrights Awards provide an important professional development opportunity each year for one **early career playwright** living in Scotland who has a genuine commitment to writing for the theatre.

We are delighted that **Comhairle nan Leabhrachain (The Gaelic Books Council)** continues to support this award.

Playwrights' Studio, Scotland will work with the playwright giving them the time, space, flexibility and financial support to develop their work and help further their creative ambitions by focusing on a particular script.

The playwright receives:

- A £2,000 cash bursary
- A week-long retreat at Cove Park or equivalent venue (includes travel expenses and per diems)
- Three mentoring sessions, over the course of a year, with a professional playwright to help them move their work forward
- A day of script development with a professional director and actors

Please see link below for full details:

[Gaelic New Playwright Award](#)



Sradagan

AIG A' MHÒD

DICIADAIN 17MH &
DIARDAOIN 18MH
DÀMHAIR
(WEDNESDAY 17TH &
THURSDAY 18TH OCTOBER)

Geamaichean | Ealain | Dràma

sa Ghàidhlig

Games | Crafts | Drama

In Gaelic



AIG (venue): Sgoil

Ghràmair Dhùn

Omhairinn

(Dunoon Grammar
School)

Do chlas 3-7 (aig a
bheil Gàidhlig)

For P3-P7 (Gaelic
speakers)

10:00 – 12:00

Cosgais (cost per
day): £5

Fiosrachadh
no clàradh
Information or
to book:

shona@cnag.org

07710-707928



acair

Muilnean Beaga Leòdhais

Dà leabhar le Fionnlagh MacLeod, ann an Gàidhlig agus ann am
Beurla mu Mhuilnean Beaga Leòdhais.


Nach ceannaich sibh an dà leabhar- cha tèid sibh ceàrr le
Fionnlagh!

Gàidhlig - <http://bit.ly/2MNvhD4>

The Norse Mills of Lewis

These books set the mills within the social and historical life of the island. Author Finlay MacLeod seeks to answer where these mills may have come from, given that their every part is to be found in mills in European countries and beyond.

English - <http://bit.ly/2tWUnbM>



www.acairbooks.com



Oiteagan à Tìr nan Òg

Nuair a nochd Oiteagan à Tìr nan Òg, òrain Ruairidh MhicAoidh à Uibhist a Tuath ann an 1938 bha fèill mhòr air.

Tha e glè iomchaidh às dèidh ceithir fichead bliadhna gum biodh e ri fhaighinn às ùr.


Ceannaich an seo - <http://bit.ly/2tBhajO>

Oiteagan à Tìr nan Òg

80 years after first being published, Oiteagan à Tìr nan Òg is now available again at Acair.

This collection of classic Gaelic poetry from North Uist was well-loved for many years, and this new edition features a foreword from singer Julie Fowlis.

Buy here - <http://bit.ly/2tBhajO>



www.acairbooks.com

An còrdadh e ribh dùrachd a chur chun a' chlann agaibh air BBC ALBA?



Bho 17 Sultain bidh cothrom agaibh dùrachd co-là-breith a chur gu clann a tha eadar 1-6 bliadhna a dh'aois.

Nan còrdadh e ribh dùrachd a chur thuca,
bhiodh e sgoinneil cluinntinn bhuaibh.

Cuir post-d gu
clann@bbc.co.uk
leis an fhiorsachadh a leanas:
ainm na cloinne, latha breith &
aireamh fòn.

Airson fiosrachadh eile, cuir fòn thugainn air
0141 422 6190

Tha sinn a' coimhead air adhart ri
cluinntinn bhuaibh!





Would you like to give your child a birthday shout-out on BBC ALBA?

From 17th September BBC ALBA will have a birthdays slot where you can wish children up to the age of 6 a happy birthday.

If you would like your child's birthday mentioned, please send an e-mail to
clann@bbc.co.uk

All we require initially is your child's name, D.O.B. and a contact number.

For more information please call the team on
0141 422 6190

We look forward to hearing from you!





COMUNN UIBHIST agus
BHARRAIGH GHLASCHU
GLASGOW UIST and BARRA ASSOCIATION

~ Annual Invitational ~

Piping Competition 2018



Come and Listen to some of the World's Best Pipers!

Featuring

Alasdair **HENDERSON**

Glenn **BROWN**

Peter **McCALISTER**

Angus **MacCOLL**

Gordon **McCREADY**

Roderick **MacLEOD, MBE**

Ben **DUNCAN**

Iain **SPEIRS**

Sarah **MUIR**

Cameron **DRUMMOND**

Jamie **FORRESTER**

Stuart **LIDDELL**

Craig **SUTHERLAND**

Niall **STEWART**

William **McCALLUM**

Judges: Ailean Dòmhnullach | Dr. Jack Taylor | William Morrison

Saturday 29 September 2018 from 9.00am

The National Piping Centre, 16 - 24 Otago Street, Glasgow G12 8JH

Piobaireachd | March, Strathspey and Reel | Hornpipe | Jig

Entry - Adults: £12 16 & under: £6 Tel: 07775 718 265 for more info

Oidhche comadaidh



Websters Theatre
Saturday 29 September
7.30pm for 8.00pm, £5

Oidhche Comadaidh an Glaschu!

Tha an Lòchran a' cumail Oidhche Comadaidh ann an Thèatar
Websters air Sràid Great Western, oidhche 'Shathairne
(29 Sultain).

Bidh Seonag Monk agus Calum, Iain Beggs, Cluicheadairean
Uibhist agus Pàdraig Moireasdan an sàs ann. Cosgaidh e £5.

Tòisichidh cùisean aig 7.30/8f agus tha sinn an dòchas gun tig
sibh ann còmhla rinn airson beagan fealla-dhà!

Comedy Night in Glasgow!

An Lòchran have organised a night of comedy sketches this
Saturday (29 September) in Websters Theatre on
Great Western Road.

We have Seonag Monk and Calum, Iain Beggs, the Uist Players
and Padruig Morrison. All this for just a fiver.

It's half seven for an eight o'clock start and we'd love to see you
there for a laugh.




Care for a Cèilidh

‘S e sgeama sònraichte a th’ ann an “Care for a Cèilidh” far am bidh seinneadairean Gàidhlig agus luchd-ciùil traidiseanta a’ cumail cèilidhean ann an taighean-cùram eadar-dhealaichte. Chìthean gu h-iosal measgachadh de dhealbhan bho feadhainn de na cèilidhean mu dheireadh a chaidh a chumail le “Care for a Cèilidh”. Taing mhòr dhuibh uile.

"Care for a ceilidh" is a scheme for Gaelic singers and traditional musicians to provide short concerts to residents of hospices and care homes. Below are a selection of photographs taken at the most recent "Care for a Cèilidh" events. Thanks to everyone who took part.

<https://www.facebook.com/CareForACeilidh>





Fàilte air ais gu Oisean an Luchd-Ionnsachaidh! Tha sinn airson innse dhut mu na rudan ùra a nochd air ar làrach-lin san t-Sultain.

Cò tha dèidheil air *Litir do Luchd-Ionnsachaidh*? Uill, 's e mìos caran sònraichte a bh' ann oir sgriobh Ruairidh an 1,000mh *Litir* aige! Thòisich na litrichean ann an 1999 agus tha tè air a bhith ann an ire mhath a h-uile seachdain bhon uair sin.

Airson a' chlach-mhìle seo a chomharrachadh, bha sgriobag shònraichte bho Ruairidh anns an Litir agus bhruidhinn e cuideachd mun fhacal "mìle" 's cò às a thàinig e.

Welcome back to our Learners' Corner! We want to update you on what's been happening on our website in September.

Who's a fan of *Litir do Luchd-Ionnsachaidh (Letter to Gaelic Learners)*? Well, this was a rather special month as Roddy wrote his 1,000th *Litir*! The letters started in 1999 and there has been one nearly every week since.

To mark the occasion, there was a special wee message from Roddy and he also discussed the word "mìle" (a thousand) and its origin.

Mur h-eil thu eòlach air *Litir do Luchd-Ionnsachaидh* fhathast, lorgaidh tu an sreath gu lèir air ar làraich-lìn. Tha na faidhleachan-fuaime, teacsa, briathrachas agus puingean càinain againn.

Fhuair tè air sgioba LearnGaelic peata ùr air a' mhìos-sa. Fhuair i cù agus tha i air a dòigh glan le a caraid beag! A bheil peata agad fhèin? Ma tha, a bheil thu air òrduighean a theagascg dhaibh sa Ghàidhlig? Chòrdadh e rinn gu mòr cluinntinn mu na peataichean agad - nach cuir thu na stòiridhean agad thugainn.

Tha sinn an-còmhnaidh toilichte cluinntinn bhuat. Ma bhios tu a' cleachdadadh nam meadhanan sòisealta lorgaidh tu sinn air Facebook, Twitter is Instagram. Cuideachd faodaidh tu post-d a chur thugainn gu mairi@learngaelic.scot. Faodaidh tu ar cuairt-litir sheachdaineach fhaighinn le bhith a' leigeil fios thugainn air post-d.

If you've not familiar with *Litir do Luchd-Ionnsachaидh* yet, you'll find the entire series on our website. We've got the sound files, text, vocabulary and language notes.

One of the LearnGaelic team got a new pet this month. She got a dog and is absolutely delighted with her wee pal! Do you have a pet? If so, have you taught them any commands in Gaelic? We'd love to hear about your pets so please send us your stories.

We're always pleased to hear from you! If you're on social media you'll find us on Facebook, Twitter and Instagram. You can also email us with any questions to mairi@learngaelic.scot. You can subscribe to our weekly newsletter via email too.

Gnàthasan-cainnt namòsa/ *Idioms of the month*

www.learnsgaelic.scot/dictionary



'S MATH AN SGÀTHAN SÙIL CARAID fuaim / pronunciation bit.ly/1KhHkD9

This idiom means "a friend's eye is a good mirror".

AN SALANN SA BHROT fuaim / pronunciation bit.ly/1YhQ4hP

The literal translation is "the salt in the soup" and is used in the same way as the English idiom "the icing on the cake".

NITHEAR CÀRN MÒR DE CHLACHAN BEAGA fuaim / pronunciation bit.ly/1sRHKK8m

Literally the meaning of this idiom is "a large cairn is made from small stones".

CHO BOCHD RI RADAN EAGLAIS fuaim / pronunciation bit.ly/1AALT6X

The meaning of this idiom is "as poor as a church mouse". Literally, it translates as "as poor as a church rat".

Luchd-Tòiseachaidh / *Beginners*

www.learnngaelic.scot/beginners



We've been looking at [units 37–40 of our **Beginners' Course**](#) this month. One of the subjects that we looked at was *money*.

Do you know the following vocab?

pay!	pàigh!	twenty	fichead
penny, pence	sgillinn	thirty	trithead
pound	not	forty	ceathrad

Additional resources

Speaking Our Language: [Episode 17 – Dealing With Money](#)

Video clips and a worksheet from the original series

Little By Little: [Unit 26 – Shopping and Using Money](#)


A traditional approach to learning, with units and short quizzes

20 Words: [Numbers](#)

Vocabulary list with sound files

Cleachd Gàidhlig / Use Gaelic

www.learngaelic.scot/usegaelic



LearnGaelic.Scot/litir

Learn
Gaelic



LearnGaelic.Scot/litirbheag

Learn
Gaelic

Seo goireasan do dhaoine a tha seachad air ìre 'neach-tòiseachaidh'.

This is our 'post-beginner' section with resources to develop your Gaelic skills.

Litir do Luchd-ionnsachaidh (Letter to Gaelic Learners)

Litir sheachdaineach do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig bho BBC Radio nan Gàidheal.

BBC Radio nan Gàidheal's weekly letter to Gaelic learners.

Tha faidhle-fuaim, teacsá, briathrachas agus puingean cànan rim faighinn annta.

Sound files, text, vocabulary and language notes included.

Litir 996 [Aiseag an Rìgh](#)

Letter 996 [The King's Ferry](#)

Litir 997 [Clach an Eig](#)

Letter 997 [The Nigg Stone](#)

Litir 998 [Rìgh Seumas IV \(1\)](#)

Letter 998 [King James IV \(1\)](#)

Litir 999 [Rìgh Seumas IV \(2\)](#)

Letter 999 [King James IV \(2\)](#)

An Litir Bheag (The Little Letter)

Litir sheachdaineach do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig bho BBC Radio nan Gàidheal.

BBC Radio nan Gàidheal's weekly letter to Gaelic learners.

Bidh iad seo cuideachail do luchd-ionnsachaidh a tha seachad air ire-tòiseachaidh.

These will be helpful to learners who are beyond a beginners' level and want to read more.

Tha faidhle fuaim, teacsá agus eadar-theangachadh an cois gach litir.

Audio, text and translation accompany each letter.

Litir Bheag 692 [Aiseag an Rìgh](#)
Litir Bheag 693 [Clach An Eig](#)
Litir Bheag 694 [Rìgh Seumas IV \(1\)](#)
Litir Bheag 695 [Rìgh Seumas IV \(2\)](#)

Little Letter 692 [The King's Ferry](#)
Little Letter 693 [The Nigg Stone](#)
Little Letter 694 [King James IV \(1\)](#)
Little Letter 695 [King James IV \(2\)](#)



Coimhead Gàidhlig (Watch Gaelic)

Criomagan bhidio às aonais fo-thiotalan bho phrògraman BBC ALBA le tar-sgìobhadh Gàidhlig, eadar-theangachadh Beurla agus briathrachas.

Un-subtitled clips from BBC ALBA programmes with a Gaelic transcription, an English translation and vocabulary.

[Biadh: a' dèanamh aran-coirce](#)

[Food: making oatcakes](#)

[Biadh: am paidh ùbhlan aig Karen NicLeòid](#)

[Food: Karen MacLeod's apple pie](#)

[A bheil Màiri Anna ag innse na firinn?](#)

[Is Mary Anne telling the truth?](#)

[Trì faclan ùra](#)

[Three new words](#)

[Beachdan air Òran Eile don Phrionnsa](#)

[Thoughts on Another Song to the Prince](#)

[Na rionnagan 's na speuran](#)

[The stars and the skies](#)

An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Aonad 7a
Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN
Fòn: 01851 703487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Stornoway Office

Unit 7a
James Street
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2QN
Phone: 01851 703487
E-mail: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR
Fòn: 01463 709705
Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR
Phone: 01463 709705.
E-mail: seonag@ancomunn.co.uk



Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn.

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch.

marina@ancomunn.co.uk

01851 703487

www.ancomunn.co.uk

